

Adhartas bho Fhoghlam Farsaing Coitcheann (FFC) gu an Ìre as Àirde – stiùireadh ùraichte

Tha an stiùireadh seo do sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus an com-pàirtichean. Chaidh a thoirt gu buil mar ghnìomh bhon Bhuidheann Measaidh Ministrealach is Teisteanas Nàiseanta. Tha e air a dheilbh gus cuideachadh le taic do leasachaidhean ann an ionnsachadh dhaoine òga agus lùghdachaidhean a dhleasadh ann an eallach-obrach thidsearan.

Thog a' Bhuidheann Obrach gu bheil eallach-obrach co-cheangailte ri measadh gu tric air fàs fada ro àrd do thidsearan agus luchd-ionnsachaidh le chèile. Tha àireamh de dh'eileamaidean a tha a' cur ris an seo.

Tha cuid de na h-eileamaidean sin co-cheangailte ri deilbh is obrachadh nan Teisteanas Nàiseanta. Tha an SQA a' dèiligeadh leis na cùisean sin. A' leantainn air gnìomhan a tha mìnichte ann an aithisg na Buidhne Obrach, tha an SQA cuideachd air [planaichean mionaideach cuspair-air-chuspair airson atharrachaidhean ann an 2016-17 agus às a dhèid fhoillseachadh](#).

Ach, thog aithisg na Buidhne prìomh fheartan eile a tha a' cur ri eallach-obrach agus tha an nòta seo a' dèiligeadh gu dìreach leotha. Tha e a' cuimseachadh air:

- dealbh a' churraicealaim is phrògraman;
- measadh ann an ìre Foghlam Farsaing Coitcheann (FFC); agus
- rèiteachaidhean airson adhartas luchd-ionnsachaidh a leantainn agus a sgrùdadh.

Tha an stiùireadh seo a' togail air raon de [chomhairle](#) agus [stiùireadh](#) a chaidh fhoillseachadh a-cheana, a' gabhail a-steach [Brathan 6, 7](#) agus [8](#) den Churraicealam airson Sàr-mhathais air Adhartas bho Fhoghlam Farsaing Coitcheann gu an Ìre as Àirde. Ach, tha an ùr-fhiosrachadh seo a' gabhail làn chunntas air deagh chleachdadh agus leasan an a chaidh ionnsachadh tro eòlas air buileachadh na h-Ìre as Àirde ann an sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail air feadh Alba.

Mar a bhios sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a' toirt feum às an t-sùbailteachd a tha aca a-nis ann an deilbh ionnsachadh, teagasg agus ullachaidhean measaidh (a' gabhail a-steach na h-àireimh de chùrsaichean a bhios luchd-ionnsachaidh gu h-àbhaisteach a' leantainn gach bliadhna san Ìre as Àirde), tha feum air làn chùram a ghabhail gus a dhèanamh cinnteach nach adhbharaich na rèiteachaidhean ionadail sì iarrtasan a thaobh eallach-obrach neo-riatanach do thidsearan no luchd-ionnsachaidh.

Bu chòir do sgoiltean a bhith soilleir gum bi cur an stiùiridh seo an sàs a' cuideachadh gu dìreach le lùghdachadh air eallach-obrach. Tha dleastanas air gach sgoil sin a dhèanamh.

1. Eadar-ghluasad bho Fhoghlam Farsaing Coitcheann gu an Ìre as Àirde

Tro ÀS3, bu chòir do sgoiltean daoine òga ullachadh gu eadar-ghluasad socair a dhèanamh bho Eòlasan is Builean FFC gu cùrsaichean a bhios a' leantainn air adhart gu [duaisean eile](#) agus ionnsachadh stèidhichte air obair, mar a bhios iomchaidh do am feumalachdan. Tha Teisteanasan Ùra Nàiseanta air an deilbh gus togail air Eòlasan is Builean FFC.

Ann am mòran chùisean, bidh prìomh fheartan ionnsachaidh aig an tritheamh 's an ceathramh ìre den Churraicealam airson Sàr-mhathais ann am Foghlam Farsaing Coitcheann, gu dìreach buntainneach ri ionnsachadh a dh'fheumas a bhith air a thaisbeanadh airson teisteanas a chosnadh. Bu chòir do sgoiltean a bhith gu riatanach mothachail don seo ann am planadh airson solar Foghlam Farsaing Coitcheann.

Mar sin ann an ÀS3, bu chòir cothroman a bhith aig daoine òga:

- an airidheachd air FFC a chrìochnachadh, a' gabhail a-steach nan Eòlasan is Builean gu lèir suas chun na treasamh ìre, tarsainn gach raon den churraicealam;
- speisealachadh agus an ionnsachadh a leudachadh gu Eòlasan is Builean na ceathramh ìre den churraicealam agus nas fhaide, far a bheil iad comasach air sin a dhèanamh; agus eòlas a chur air ionnsachadh is adhartas a dhèanamh a bhios a' cuideachadh a dh'ionnsaigh soirbheachas ann an teisteanasan agus ionnsachadh eile san Ìre as Àirde. (Bu chòir agus is urrainn do dh'ionnsachadh ann an ÀS3 cur ris na '160 uair a thìde de dh'ionnsachadh dìreach' co-cheangailte ri teisteanas nàiseanta – faic gu h-ìosal.)

2. Dèanamh cinnteach à taghadh cùrsa is taisbeanadh iomchaidh

Feumaidh sgoiltean a dhèanamh cinnteach gu bheil daoine òga air an suidheachadh aig an ìre cùrsa iomchaidh mar a bhios iad ag inntrigeadh na h-Ìre as Àirde. Chan eil e iomchaidh daoine òga a thòiseachadh air cùrsa a' leantainn gu teisteanas nach eilear den bheachd as urrainn dhaibh a choileanadh. Mar an ceudna, tha e cudromach nach cuirear bacadh air adhartas luchd-ionnsachaidh le bhith gan suidheachadh air cùrsaichean aig ìre ro ìosal.

- Feumaidh sgoiltean fiosrachadh measaidh làidir bho FFC a chleachdadh gus a dhèanamh cinnteach gun dèan luchd-ionnsachaidh taghaidhean iomchaidh agus gu bheil iad air an cur air adhart aig an ìre cheart airson teisteanasan. Seachainnidh seo eallach-obrach ro throm air tidsearan agus measaidhean neo-riatanach do luchd-ionnsachaidh.
- Tha cùrsaichean airson teisteanasan Nàiseanta 5 gu h-àraid, air an togail air an ro-bheachd gu bheil luchd-ionnsachaidh air Eòlasan is Builean buntainneach a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais aig a' cheathramh ìre a choileanadh, mus tòisich iad air cùrsa N5. Bu chòir do sgoiltean cunntas cùramach a ghabhail air an seo, nuair a thathar ag aontachadh roghainnean airson ÀS4. Bidh taghadh chùrsaichean aig ìre N4 no ìrean nach eil cho adhartach, nas iomchaidh do chuid le cothrom san amharc air tuilleadh adhartais gu ìrean nas àirde às dèidh sin.
- Cha bu chòir do sgoiltean daoine òga a chur air adhart airson Aonad Luach Leasaichte N4 ma thathar a' sùileachadh gun coilean iad gu math aig ìre N5. Le bhith a' dèanamh seo, tha e a' cur gun adhbhar ri eallach-obrach thidsearan is luchd-ionnsachaidh le chèile.

3. Àireamhan de chùrsaichean ann an ÀS4 agus às a dhèidh

Tha dragh air a nochdadh uaireannan gu bheil an Curraicealam airson Sàr-mhathais a' cur cuibhreachaidhean teann air an àireamh de chùrsaichean a dh'fhaodas daoine òga a sgrùdadh ann an ÀS4. Tha seo co-cheangailte ann am pàirt ris an fhìrinn gu bheil Cùrsaichean Nàiseanta SQA stèidhichte air 160 uair a thìde de dh'ionnsachadh, agus

ro-bheachd cheàrr nach urrainn do dh'ionnsachadh sam bith a ghabhas àite ro ÀS4 cur ris an riarachadh time baraileach seo.

Ged nach tòisich cùrsaichean teisteanais foirmeil ro ÀS4, is urrainn agus bu chòir do dh'ionnsachadh a ghabhas àite ann am FFC cur ri ionnsachadh airson teisteanasan. Is urrainn agus bu chòir seo a dhèanamh gun amharas a tharraing air airidheachd air Foghlam Farsaing Coitcheann ann an ÀS3.

- Tha an àireamh agus an raon de chùrsaichean a ghabhar os làimh ann an ÀS4, ÀS5 no ÀS6 an urra ris na sgoiltean, ùghdarrasan ionadail, pàrantan agus daoine òga, a' gabhail cunntas air feumalachdan fa leth nan daoine òga.
- **Bu chòir do sgoiltean ionnsachadh a sholarachadh ann an ÀS3 a tha a' cur crìoch choileanta air ìre FFC, agus a tha aig an aon àm a' còmhachadh ionnsachadh a dh'ullaicheas daoine òga gu math airson cùrsaichean teisteanais a dh'fhaodas iad a leantainn ann an ÀS4.**
- Tha seo a' ciallachadh gum faod cuid de Bhuilean no Ìrean Measaidh Aonadan Nàiseanta 4 no Nàiseanta 5 a bhith air an còmhachadh ann an ÀS3.
- Tro ÀS4, dh'fhaodadh gum bi luchd-ionnsachadh ag obair airson teisteanasan a bhios a' toradh ann an taisbeanadh aig deireadh ÀS4. Faodaidh iad cuideachd leantainn air adhart ag ionnsachadh thar dà bhliadhna ann an cuid de chuspairean gu deireadh ÀS5 mus cuirear air adhart iad airson teisteanas. Dh'fhaodadh an aon suidheachadh tachairt tarsainn ÀS5 agus ÀS6, le teisteanasan gan gabhail thairis air bliadhna no dà bhliadhna.
- **Le seo san amharc, bu chòir do sgoiltean planadh airson daoine òga adhartachadh gun strì, a' leantainn nì sam bith eadar sia no ochd cùrsaichean teisteanais bho ÀS4 agus às a dhèidh, le barantachadh air gach fear thar mheasgachadh de aon no dà bhliadhna, mar a bhios iomchaidh do am feumalachdan fa leth.**
- Anns gach cùis, tha tracadh is sgrùdadh sgiobalta is èifeachdach deatamach airson adhartas dhaoine òga, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' dèanamh adhartas iomchaidh ro phrìomh chinn-latha mu choinneamh an teisteanais.

4. Slighean adhartais gus feumalachdan luchd-ionnsachaidh a choileanadh

Bu chòir do sgoiltean a dhèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan, ùidhean agus àrd-amasan dhaoine òga a' fiosrachadh nan co-dhùnaidhean a tha dèante mu na slighean adhartais a tha iad a' leantainn tro FFC agus a-steach don Ìre as Àirde.

- Tha modhan-obrach èifeachdach ann am measadh agus leantainn is sgrùdadh air adhartas dhaoine òga tro FFC agus an Ìre as Àirde, deatamach ann am fiosrachadh nan co-dhùnaidhean sin.

Bu chòir do sgoiltean a bhith a' cleachdadh sùbailteachd a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais gus slighean ùra adhartais a leasachadh, agus a dhèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh feumalachdan is àrd-amasan dhaoine òga uile a choileanadh, airson buileachadh àrdachadh agus a dhèanamh cinnteach gun gluais an luchd-ionnsachaidh aca uile gu cinn-uidhe seasmhach is deimhinneach seachad air an Ìre as Àirde. Tha sin a' gabhail a-steach leasachadh air slighean ùra airson buidhnean de luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh, as dòcha nach d' fhuair cothrom air solar àrd-sgoile cho èifeachdach san àm a dh'fhalbh.

- Gus an raon de fheumalachdan dhaoine òga a choileanadh, bu chòir do churraicealam na h-Ìre as Àirde a bhith air a leasachadh còmhla ri com-pàirtichean a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach sgoiltean sa choimhearsnachd, colaistean is solaraichean foghlaim eile. Cuidichidh seo le bhith a' dèanamh cinnteach à raon nas fharsainge de shlighean adhartais agus ruigsinneachd air raon nas fharsainge de theisteanasan, a' gabhail a-steach iadsan le tagradh dìreach gu cosnadh.

Far a bheil sgoiltean a' deilbh solair airson feumalachdan dhaoine fa leth no do bhuidhnean luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd, glè thric leasaichidh iad prògraman curraicealaim nas fhreagarraiche tro FFC agus an Ìre as Àirde, air an deilbh gus a dhèanamh cinnteach gum faigh an luchd-ionnsachaidh sin an làn airidheachd agus gun coilean iad an làn chomais.

5. Measadh èifeachdach 3-18

Feumaidh measadh èifeachdach a bhith aig sgoiltean tro FFC, a thuilleadh air tron Ìre as Àirde. Tha seo bunaitich do cho-dhùnaidhean èifeachdach mu dheidhinn ullachadh is taisbeanadh airson teisteanasan. Mar phàirt de ar dealas a thaobh taic do bhuileachadh air Frèam Leasachaidh Nàiseanta, tha Foghlam Alba gu làithreach a' solarachadh comhairle agus taic do dh'ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean gus misneachd nan tidsearan a thogail ann a bhith a' measadh coileanadh luchd-ionnsachaidh ann an ìrean [lìtearrachd is àireamhachd](#) a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.

Ro dheireadh 2016, solaraichidh Foghlam Alba comhairle is taic ceudna ann am measadh a bheil luchd-ionnsachaidh air raointean curraicealaim sònraichte a ruighinn anns a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Cuidichidh seo le dhèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tidsearan is pàrantan air an fhiosrachadh cheart airson a dhèanamh cinnteach gu bheil daoine òga a' leantainn slighean adhartais iomchaidh mar a bhios iad a' gluasad bho ÀS3 gu an Ìre as Àirde.

6. Fèin-luachadh èifeachdach

Bu chòir do sgoiltean is ùghdarrasan ionadail [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#) air ath-sgrùdadh às ùr, a chleachdadh airson an obair aca a luachadh, taic a chur ri deasbad is meòrachadh proifeiseanta, agus cuideachadh le planadh airson leasachaidhean.

Tha prìomh fheartan de chleachdadh èifeachdach gu h-àraid ann an Comharra Càileachd 2.2 a' Churraicealaim, agus ceistean dùbhlain a chuidicheas le planadh, luachadh agus leasachadh a' churraicealaim.

* Gu h-ìosal, gheibhear URL làn gu na ceanglaichean gu h-àrd

Tìotal	Ceangal
SQA	http://www.sqa.org.uk/sqa/45625.html
Togail a' Churraicealaim 3	https://www.education.gov.scot/Documents/btc3.pdf
Togail a' Churraicealaim 4	https://www.education.gov.scot/Documents/btc4.pdf
Curraicealam airson Sàr-mhathais Brath 6	https://www.education.gov.scot/Documents/cfe-briefing-6.pdf
Curraicealam airson Sàr-mhathais Brath 7	https://www.education.gov.scot/Documents/cfe-briefing-7.pdf
Curraicealam airson Sàr-mhathais Brath 8	https://www.education.gov.scot/Documents/cfe-briefing-8.pdf
Nithean longantach	http://www.youthscotland.org.uk/resources/amazing-things.htm
Stuthan NIF – lìtearrachd is àireamhachd	https://education.gov.scot/improvement/Pages/assess7-achievement-of-a-level.aspx
Dè cho math 's a tha an sgoil againn?	https://www.education.gov.scot/improvement/Pages/frwk2hgi-os.aspx